

Eachdraidh bheag mun dàimh eadar na Stàitean Aonaichte agus Hawai'i

1826 – Dh'aithnich na Stàitean Aonaichte Rìoghachd Hawai'i mar dhùthaich shaor, neo-eisimeileach.

1893 – **Chuir** Cabhlach nan Stàitean Aonaichte Hawaii foidhe fhèin leis an leisgeul gur ann a bha tèarainteachd nan Stàitean Aonaichte an crochadh ris, agus thog Ministear nan Stàitean Aonaichte a' bhratach Ameireaganach ri crann ann an Hawai'i, 's e a' gairm Hawai'i 'na dùthaich fo dhìon nan Stàitean Aonaichte. An uair sin, chuir riaghaltas nan Stàitean ar Banrigh Hawaiianach Lili'uokalani beag air bheag "an dàrna taobh".

1898 – **Ghabh** na Stàitean Aonaichte Hawai'i fo an ceannas "gu h-oifigeil", gun suim do riaghailt leithid bann-còrdaidh a bha iad riamh air co-dhùnadh ro làimh nuair a ghabh iad Louisiana, Florida, Texas, agus roinnean eile fo an smachd. A rèir an lagha eadar-nàiseanta, **cha deach** còir-sheilbh na dùthcha a tha fo smachd a thoirt thairis mur robh bann-còrdaidh ceannais ann.

1959 – Chuir na Stàitean poball-bhreith air dòigh gus faighneachd de mhuintir Hawai'i an robh iad ag iarraidh an inbhe mar dhùthaich fo dhìon a ghleidheadh, no an robh iad ag iarraidh Hawai'i mar stàit nan Stàitean Aonaichte. Gus a' bhuil fhàbharach fhaighinn dhaibhsan, cha robh guth air an treas ceist – fo òrdagh Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte – an robh na Hawaiianaich ag iarraidh neo-eisimeileachd no nach robh. Le cuideachadh o bhòtaichean nan 10,000 luchd-airm Ameireaganach stèidhichte ann an Hawai'i, fhuair iad mòr-chuid airson Hawai'i a ghabhail sna Stàitean Aonaichte, agus rinn iad 'na caogadamh stàit aca san i.

2015 – 'S i Hawai'i fhathast an colnaidh as bòidhche aig Ìompaireachd Ameireaga, agus tha na Stàitean Aonaichte a' cumail nan Hawaiianach a tha a' miannachadh neo-eisimeileachd air an leth-oir fhathast. Ach dè cho fada...?

Bidh Ameireaganaich ag aithris na leanas a h-uile latha: *"Is sinne an dùthaich as motha air uachdar na Talmhainn!"*

Agus bidh iad ag ionnsachadh do an clann-sgoile a bhith ag ràdh sa Ghealltanas Dilseachd aca: *"...le saorsa agus ceartas don a h-uile duine!"*

An fhreagairt aig muintir Hawai'i: *Chan i Ameireaga Hawai'i, agus cha bhi a--chaoidh!*

Dè an gnothach ri seo aig dùthchannan eile a tha a' sireadh neo-eisimeileachd? Tha tòrr choltasan ann. Tha gu leòr dhùthchannan an t-saoghail fo smachd 's a' strì ri neo-eisimeileachd fhaighinn. Tha an sgeulachdan-san ag innse nan dòighean sa bheil na feachdan ceannsachaidh a' cur tionndadh ann no a' leigeil seachad laghan eadar-nàiseanta gus an cìosnachadh. Bu toil le dùthchasaich Hawai'i taisbeanadh buan a stèidheachadh air eilean Kauai, an t-eilean ceannairceach, a' foillseachadh an cuid sgeulachdan 's bhrataichean gus cur ri eòlas luchd-turais o air feadh an t-saoghail mu an deidhinn. Gu dearbh, bhiodh am fiosrachadh seo ri fhaotainn air an eadar-lìon 's thèid eadar-theangachadh gu mòran chànanan eile.